

## Comataidh Inbhean MG ALBA

Oifis a' BhBC, Glaschu

Dimàirt 8 Cèitean 2018, 1000-1300

### Dreach geàrr-chunntas

Buill:	Jo NicDhòmhnaill ( <i>sa Chathair</i> )	Magaidh Choineagan
	Catriona Nic a' Phì	Iain Stephen Moireasdan

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)  
Màiri Anna NicAonghais (*a' sgriobhadh geàrr-chunntas*)

**An làthair:** Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)  
Faye Niclleathainn agus Sajid Quayum (*Caledonia TV*) – airson puing 5

#### 1. Leisgeulan

Calum MacFhearghais

#### 2. Gnothach Dearbhte

Dh'innis Jo NicDhòmhnaill a) gun deach iarraidh oirre leis a' BhBC a bhith na neach-comhairle air a' phrògram Cuimhneachan mun lolaire, prògram air a mhaoineachadh air fad leis a' BhBC agus b) gu robh i air Bòrd an t-Sabhail Mhòir.

#### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 22/3/18

An dèidh mearachd litreachaidh no dhà, aontaichte.

#### 4. Gnothaichean ag èirigh

LearnGaelic – bha fiosrachadh air beulaibh bhall le na prìomhachasan ann a bhith a' leasachadh na làraich. San fharsaingeachd bha buill riaraichte leis a' phlana agus dha mholadh chun bhùird. Chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh barrachd fios mu chosgaisean a chur air beulaibh a' Bhùird air 7/6/18. (Gníomh: DC)

#### 5. Lèirmheas na ràithe mu dheireadh agus sùil air adhart

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh na raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais agus thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh orra.

Amas 1 den Lèirsinn 2021 - mhòl Cathraiche a' Bhùird fòcas às ùr air ro-innleachd maoineachaidh, le trì priomhachasan: a) gun toireadh am BBC uallach maoineachaidh ruith na seanail bho MG ALBA an dèidh don obair sgrùdaidh air cosgaisean, a tha a' dol an-dràsta, crìochnachadh; 2) iarraidh air Riaghaltas na RA tòiseachadh a-rithist leis an £1m gach bliadhna, le taic phoilitigeach; c) ann an co-theacsa nan uallaichean a bharrachd a bhios a' tuiteam air a' BhBC airson S4C bho 2022, cothromachadh iarraidh air a' BhBC anns an dòigh anns a bheil iad a' maoineachadh BBC ALBA agus Poileasaidh Mion-chànan a stèidheachadh. (Gníomh: DC)

Trèanadh – chaidh deasbad a chumail air a' cheist - a bheil toraidhean trèanaidh fhathast a' freagairt air iarrtasan a' gnìomhachais craolaidh. Chaidh moladh gum bu chòir suil a thoirt air co-dhiù tha na càrsaichean a tha rim faighinn a' freagairt air iarrtasan luchd-solair na seanail agus a bheil na daoine ceart gan àrach airson a' ghniomhachais. (Gníomh: IMT)

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air obair Electrify sa chairteal mu dheireadh agus chaidh an obair aca a mhòladh. Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nam biodh an sgeulachd ionlan air innse san aon àite m.e. tha aithisg Electrify a' sealtainn toraidhean nam meadhanan clò-bhuailte, le Aonad Dhidseatach na buidhne a' cruthachadh analytics airson nam meadhanan sòisealta. (Gníomh: IMT)

## 6. Fèin-mheasadh na Comataidh

Chaidh aontachadh gun deigheadh formaichean measaidh a-mach gu buill na Comataidh agus gun deidheadh toraidhean a' mheasaidh air beulaibh a' Bhùird air 7/6/18, le ùine deasbaid ron choinneamh nam biodh feum air sin. (Gníomh: MAMI)

## 7. Lèirmheas Gnè

Chaidh fàilte a chuir air riochdairean Caledonia TV chun choinneimh. Chunnacas taisbeanadh a' mìneachadh mar a tha an compañaidh a' dèiligeadh ris a' phasgan - dè tha math mu dheidhinn agus dè na dùblain a tha na lùib; prògraman a th' anns a' bheairt; mar a tha a' dol leotha le a bhith a' reic nam prògraman gu h-eadar-nàiseanta; agus am poileasaidh Gàidhlig ann am prògraman. B' iad na priomh phuingean deasbaid:

- mar a cheadaich am pasgan mòr dhaibh an tuilleadh luchd-obrach fhastadh agus an tuilleadh uidheamachd a cheannach gus na 24 uairean a thìde a choileanadh;
- cion luchd-obrach le comas fèin-losgadh camara;
- na dùblain a tha mu coinneamh phrògraman aithris uair a thìde a dh'fhaid ann an co-theacsa buidseat agus beachdan;
- mar a cheadaich am pasgan dhaibh trèanadh a dhèanamh agus daoine ùra, tarraingeach a chur air beulaibh chamara;
- gu bheil cùisean a' gluasad air adhart gu math le bhith a' libhrigeadh phrògraman ann an cruth faidhle;
- gu bheil iad air chomas tòrr fèin-losgadh a dhèanamh agus camara drone a chleachdad
- gu bheil Gàidhlig na rud làitheil, nàdarrach san oifis aca, le luchd-obrach a' postadh stuthan air na meadhanan sòisealta anns gach cànan.

Thog an companaidh ceist mu chòraichean. Ri linn an seòrsa cumhnant a th' aig a' chompanaidh ann an co-theacsa a' phasgain agus na tha sin a' ciallachadh a thaobh còraichean IP, tha duilgheadas aca ann a bhith a' còmhradh ri companaidhean aig a bheil ùidh sna prògraman aca a cheannach. Chaidh innse nach eil MG ALBA a' feuchainn ri bacadh sam bith a chur air malairt agus gun deidheadh còmhradh a chumail riutha mun seo taobh a-muigh na coinneamh seo agus gu robhas deònach a bhith subailte. (Gníomh: IMT)

Chaidh taing a thoirt dha Faye Niclleathainn agus Sajid Quayum airson an taisbeanadh, airson a bhith cho adhartach agus misneachail agus airson an obair mhath a tha Caledonia a' dèanamh dha BBC ALBA agus ann a bhith a' toirt tàlant ùr gu buil. Chaidh iarraidh orra taing MG ALBA a thoirt chun luchd-obrach air fad.

## **8. Plana Càinain Nàiseanta 2018**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh àite MG ALBA ann a bhith a' coileanadh am Plana Càinain Nàiseanta agus chaidh còmhradh a chumail. Chaidh aontachadh gun deigheadh an tuilleadh còmhraidih a dhèanamh air a' chuspair seo nuair a dh'fhoillsicheadh Bòrd na Gàidhlig plana-gníomh.

Bhite toilichte coinneachadh ri Bòrd na Gàidhlig an uair a bhiodh clàr-chùisean susbainteach airson còmhraighean ann. (Gníomh: MAMI)

## **9. Ùrachadh 'Idents'**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air an fheum gus *idents* na seanail ùrachadh. Dh'aontaich a' Chomataidh gu robh feum air ùrachadh ach le mothachadh air co-dhùnadh a' Bhùird mu ionmhas airson a' phròiseact seo air 22/2/18. Bidh seo fo dheasbad aig Coinneamh na Co-bhanntachd air 16/5/18 agus thèid paippear mu choinneamh Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 17/5/18. Thig seo an uair sin air beulaibh a' Bhùird air 7/6/18. (Gníomh: MAMI)

## **10. Prògraman Chloinne**

Bha pàipear air beulaibh bhall le fios as ùire mu adhartas air planaichean son prògraman chloinne. Chaidh fàilte a chuir air an deagh naidheachd gum biodh prògraman chloinne na seanail, le brannid CBeebies ALBA agus CBBC ALBA. air an t-seanail bho Sultain 2018.

## **11. Na Meadhanan Sòisealta**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh ro-innleachd didseatach BBC ALBA. Bha buill toilichte leis an ro-innleachd, le fiughair dha dhèanamh ri na h-ath cheumannan le Instagram agus YouTube.

## **12. Aithisgean Dèanadais Q4 2017/18**

Pasgan Air-loidhne – chaidh seo a chomharrachadh.

## **13. GISBE**

Chaidh aontachadh sùil a chumail air an iomairt *Inter-channel Streaming* co-cheangailte ris an iPlayer. (Gníomh: IMT)

Dheidheadh fàilte a chuir air pàipearan Comataidh a bhith air an sgaoileadh nas tràithe. (Gníomh: MAMI)

## **14. Deit na h-ath choinneimh – 5/9/18, Glaschu**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*